

# Dè cho math 's a tha an sgoil AGAINN?

Goireas gus taic a chumail ri com-  
pàirt an neach-ionnsachaidh  
ann am fèin-luachadh agus  
leasachadh sgoile

Pàirt a h-Aon





# Clàr-innse

---

Ro-ràdh leis a' Cheannard	2
Pàirt a h-Aon	
Stiùireadh airson luchd-obrach sgoile agus com-pàirtichean a tha ag obair le clann is òigridh	3
Adhbhar a' ghoireis seo	4
Carson a chruthaich sinn an goireas seo	5
Na tha com-pàirteachadh an neach-ionnsachaidh a' ciallachadh dhuinn	7
A' cruthachadh a' chultair cheart airson com-pàirteachadh èifeachdach leis an luchd-ionnsachaidh	8
A' cruthachadh a' chultair cheart airson com-pàirteachadh brìoghmhor an luchd-ionnsachaidh ann am fèin-luachadh agus leasachadh na sgoile	9
Comharran de mhodh-obrach fìor èifeachdach	9
Ceistean dùbhlain	9
A' deisealachadh na sgoile agaibh gus an goireas seo a chleachdadh	11
Triantanachadh fianais	12
A' cuideachadh luchd-ionnsachaidh gus fianais a thriantanachadh	13
Dà eisimpleir de mar a bhios sgoiltean a' dèanamh co-chòmhradh le luchd-ionnsachaidh ann am fèin-luachadh	15
A' cruthachadh ùine airson luchd-ionnsachaidh a bhith an sàs ann am fèin-luachadh	17
Ceistean eiticeil a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air an dòigh-obrach agaibh a thaobh com-pàirteachadh an luchd-ionnsachaidh	18
Eàrr-ràdh 1: Ceanglaichean ris na Slatan-tomhais deagh-ghnè ann an Dè cho math 's a tha an sgoil againn? Ceathramh Eagra (2015)	19
Eàrr-ràdh 2: Goireasan air an deach iomradh a thoirt anns an sgrìobhainn seo	20

## Ro-ràdh leis a' Cheannard



Chaidh 2018 a chomharrachadh mar Bhliadhna Òigridh na h-Alba. Tha sinn a' comharrachadh is a' brosnachadh chothroman a tha a' toirt guth nas treasa dhan òigridh a thaobh cùisean a tha a' toirt buaidh air am beatha. Tha sinn airson cur an aghaidh claon-bharailean a thaobh comasan na h-òigridh agus tha sinn airson cumhachd a thoirt dhaibh na beachdan, sgilean is tàlant an aca a chleachdadh gus fìor dheagh rudan a choileanadh dhaibh fhèin agus le an co-aoisean is coimhearsnachdan. 'S e seo cnag na cùise a thaobh com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh a tha fìor èifeachdach.

Tha mi fìor thoilichte an goireas ùr seo a chur air bhog a tha mar phàirt den t-seata de stuthan fèin-luachaidh againn. Chaidh Dè cho math 's a tha an sgoil AGAINN? (2018) a dhèanamh ann an co-obrachadh le sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus buidhnean a tha a' riochdachadh clann is òigridh air feadh na h-Alba, agus, gu cudromach, le clann agus òigridh. Dh'innis iad dhuinn mu na rudan as cudromaiche dhaibh mu na sgoiltean aca, agus mar sin, na rudan far a bheil iad ag iarraidh cothrom na beachdan aca a thoirt seachad. Tha an goireas ùr seo ag amas air taic a thoirt do sgoiltean gus cothrom a thoirt do chloinn agus do dhaoine òga pàirt a ghabhail ann am fèin-luachadh agus leasachadh sgoile ann an dòighean a tha a' cur ri ionnsachadh. Tha e a' togail air an deagh chleachdadh a th' againn ann an Alba mar-thà agus tha e a' toirt taic dhuibh gus an taobh seo den obair agaibh a thoirt dhan ath ìre. Tha ethos sgoil a tha làidir agus in-ghabhalach agus coimhearsnachd a bhios ag èisteachd gu gnìomhach ri beachdan chloinne agus dhaoine òga na bhunait airson com-pàirteachas èifeachdach le luchd-ionnsachaidh. Tha an goireas seo ann an dà phàirt:

Pàirt a h-Aon: Cuidichidh an stiùireadh seo an luchd-obrach agus com-pàirtichean a tha ag obair le clann is òigridh le bhith a' dèanamh fèin-luachadh air na dòighean-obrach a th' agaibh an-dràsta a thaobh com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh. Thathar an dùil gun tèid a chleachdadh le luchd-obrach na sgoile agus com-pàirtichean a bhios ag obair còmhla ri clann is òigridh airson a bhith a' sgrùdadh na tha ag obair gu math agus dè ghabhadh dèanamh gus cur ri com-pàirteachadh an luchd-ionnsachaidh.

Pàirt a Dhà: Frèam-obrach fèin-luachaidh airson clann agus òigridh a tha a' gabhail a-steach eisimpleirean de ghnìomhan gus clann is òigridh a chuideachadh gus measadh a dhèanamh air ionnsachadh is teagasg, sgoil is coimhearsnachd, slàinte is sunnd, agus soirbheas is coileanadh agus air càileachd nan dàimhean. Nuair a dh'fhàsas na sgilean agus a' mhisneachd aca, tha sinn cinnteach gun leudaich a' chlann agus daoine òga na gnìomhan fèin-luachaidh anns na dòighean as fheàrr airson co-theacsa na sgoile aca fhèin.

Fhuair sinn beachdan gu math fàbharach air ais mun ghoireas seo fhad 's a bhathar ga chruthachadh, gu sònraichte mu mar a dh'fhaodadh e taic a thoirt do dhòighean-obrach tionnsgalach a thaobh com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh airson clann agus daoine òga air feadh na h-Alba. Chaidh an goireas seo a chruthachadh airson luchd-ionnsachaidh na h-Alba le luchd-ionnsachaidh is luchd-foghlaim na h-Alba. Tha mi fìor thoilichte a chur air bhog gus an gabh a chleachdadh fad is farsaing agus tha mi cinnteach gum bi buaidh làidir aige air Bliadhna Òigridh na h-Alba.



Gayle Gorman

# Pàirt a h-Aon

Stiùireadh airson luchd-obrach sgoile agus com-pàirtichean a tha ag obair le clann is òigridh

## Adhbhar a' ghoireis seo

'S e adhbhar an fhoillseachaidh seo cuideachadh le leasachadh ann an com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh ann am fèin-luachadh agus leasachadh sgoile. Tha an goireas seo ann an dà phàirt. Tha e cudromach gun cleachd sgoiltean an dà phàirt. Tha pàirt a h-aon mu bhith a' stèidheachadh a' chultair cheart airson com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh èifeachdach. Tha pàirt a dhà mu chlann is òigridh a bhith an sàs gu gnìomhach ann am fèin-luachadh.

**Pàirt a h-aon** - 's ann air luchd-obrach sgoile agus com-pàirtichean a tha ag obair le clann is òigridh as motha a tha seo ag amas. Tha e a' mìneachadh carson a bu chòir clann is òigridh a bhith an sàs gu gnìomhach ann am fèin-luachadh is leasachadh sgoile agus carson



a tha e cho cudromach an cultar agus an suidheachadh cheart a bhith ann gus am bi seo soirbheachail. Tha e a' mìneachadh cuid de na feartan aig cleachdaidhean fìor èifeachdach agus tha ceistean dùbhlain ann gus co-chòmhradh proifeiseanta a bhrosnachadh am measg luchd-obrach agus com-pàirtichean. Tha e fìor chudromach gum bi cultar is ethos san sgoil agaibh a nì cinnteach gu bheil coimhearsnachd na sgoile agaibh deiseil airson na h-ìre seo de chom-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh. Mur eil an seòrsa cultair is ethos seo air a stèidheachadh fhathast, bu chòir dha a bhith mar phrìomhachas dhan sgoil a bhith ag obair a dh'ionnsaigh seo. 'S e amas Pàirt a h-Aon a bhith a' cumail taic ri sgoiltean gus fèin-luachadh a dhèanamh air ethos is cultar na sgoile, a' cleachdadh deagh chleachdadh làithreach ann an com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh agus còraichean cloinne mar slat-tomhais.

**Pàirt a Dhà** - 's ann air clann is òigridh as motha a tha seo ag amas, ach gu tric, bidh luchd-obrach a' cuideachadh gus taic a thoirt dhaibh le seo. Tha frèam-obrach ann de chòig cuspairean gus an cuideachadh le bhith a' luachadh prìomh thaobhan de dh'obair is beatha na sgoile aca. Tha eisimpleirean anns gach cuspair de dheagh chleachdadh agus eisimpleirean a thaobh a bhith a' tional is a' sgrùdadh fianais mu dè tha ag obair gu math agus dè a ghabhadh leasachadh anns an sgoil. 'S e an t-amas gun cleachd clann is daoine òga, ag obair ann am buidhnean no clasaichean, am frèam-obrach gus an fhianais aca fhèin a thional is a sgrùdadh agus gun cuir iad ri fèin-luachadh na sgoile air fad. Gabhaidh tòrr de na molaidhean a chleachdadh mar cho-teacsa airson ionnsachadh tron churraicealaim air fad. Seo gus taic is brosnachadh a thoirt do sgoiltean gus dèanamh cinnteach gu bheil com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh nas fharsainge na comhairlean sgoilearan no comataidhean sgoilearan eile.



Is urrainn do sgoiltean am frèam-obrach a chleachdadh ann an grunn diofar dhòighean. Dh'fhaodte gun tagh cuid aca a bhith ag obair tro na còig cuspairean uile tro ùine. Dh'fhaodte gun tagh cuid cuspairean sònraichte co-cheangailte ri prìomhachasan leasachaidh na sgoile. Dh'fhaodte gun atharraich cuid de sgoiltean cànan nan cuspairean airson an cleachdadh le buidhnean sònraichte de chlann is òigridh.

Dh'fhaodte gun cleachd cuid an goireas mar thoiseach tòiseachaidh gus an tionndadh sònraichte aca fhèin a chruthachadh a tha a rèir feumalachdan na coimhearsnachd sgoile aca. Mar eisimpleir, dh'fhaodte gum bi cuid de na sgoiltean airson tionndadh didseatach a dhèanamh den fhrèam-obrach. Tha na dòighean-obrach seo uile iomchaidh. Chan eil dìreach aon dòigh oifigeil ann gus an goireas seo a chleachdadh. Cleachdaibh na rudan às fheàrr dhan choimhearsnachd sgoil agaibh fhèin bhon ghoireas seo.

## Carson a chruthaich sinn an goireas seo

Tha frèam-obrach Dè cho math sa tha an sgoil againn? (Ceathramh Eagran 2015) (Dè cho math sa tha an sgoil againn?4) a' cumail taic ri luchd-obrach na sgoile airson a bhith ag obair còmhla agus le an com-pàirtichean gus measadh a dhèanamh air na tha ag obair gu math airson coimhearsnachd na sgoile agus na tha feumach air leasachadh a bharrachd. Tha an teachdaireachd làidir ann gum bu chòir clann is òigridh a bhith an sàs gu gnìomhach ann am fèin-luachadh is leasachadh sgoile. Thathar a' faicinn co-chomhairleachadh le clann agus daoine òga air taobhan de bheatha na sgoile a tha a' toirt buaidh dìreach orra mar phrìomhachas ann a bhith a' leasachadh an t-siostaim fhoghlaim san fharsaingeachd. Tha guth an luchd-ionnsachaidh air a bhith a' tighinn air adhart gu math air feadh na h-Alba anns na beagan bhliadhnaichean mu dheireadh ach tha cothrom ann seo a leudachadh ann an iomadh sgoil.

*“Tha com-pàirteachas sgoilearan na nì cudromach nar modh-obrach a thaobh fèin-luachaidh agus leasachadh leantainneach... Tha còraichean co-roinnte aig an luchd-ùidh air fad, a' gabhail a-steach clann agus daoine òga, air an fhianais seo agus bidh iad ga cleachdadh airson a bhith a' planadh leasachadh leantainneach.”*

Dè cho math 's a tha an sgoil againn?4 td.20 Q1 1.1 Fèin-luachadh airson Fèin-leasachadh.



Chaidh an goireas seo a chruthachadh gus cuideachadh le com-pàirteachadh an luchd-ionnsachaidh ann an fèin-luachadh sgoile. Chaidh a dhèanamh mar thoradh air co-chòmhradh le buidhnean de chlann is òigridh air feadh na h-Alba. Tro dhòigh-obrach stèidhichte air bùithtean-obrach, chomharraich an luchd-ionnsachaidh seo prìomh thaobhan de bheatha na sgoile far an robh iad a' smaoineachadh gum bu chòir dhaibh buaidh

dhìreach a thoirt. Mar sin, tha pàirt a dhà den ghoireas stèidhichte air na prìomh thaobhan seo mar bhunait, a tha ceangailte ris na slatan-tomhais deagh-ghnè ann an Dè cho math 's a tha an sgoil againn?4. A' cleachdadh an fhrèam seo, is urrainn do clann agus daoine òga uallach a ghabhail airson a bhith a' stiùireadh taobhan de dh'fhèin-luachadh agus a bhith a' tionail fianais a bhios feumail airson fèin-luachadh na sgoile air fad. Tha an dòigh-obrach seo a' cruthachadh cothrom do luchd-obrach na sgoile, com-pàirtichean agus luchd-ionnsachaidh còmhraidh brioghmhor a bhith aca agus a bhith ag obair còmhla gus prìomh thaobhan de dh'obair leasachaidh na sgoile a thoirt air adhart.

Tha com-pàirteachadh an luchd-ionnsachaidh ann am planadh fèin-luachadh agus leasachadh na sgoile ro chudromach airson a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil còraichean cloinne ann taobh a-staigh co-theacs na sgoile. Tha allt 12 de Chùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean an Leanaibh ag ràdh gu bheil còir aig clann gun tèid na beachdan aca a thoirt fa near nuair a bhios inbhich a' dèanamh cho-dhùnaidhean mu nithean a bheir buaidh orra. A chionn 's gur ann air clann agus daoine òga as motha a tha a' mhòr-chuid de na seirbheisean sna sgoiltean ag amas, bu chòir dhaibh a bhith an sàs ann an còmhraidhean mu bheatha na sgoile san fharsaingeachd. Gus seo a dhèanamh, feumar cothrom a thoirt dhaibh air an fhianais a tha a dhìth orra gus co-dhùnaidhean a dhèanamh agus gus beachdan fiosraichte a chur an cèill. Feumar taic a thoirt dhaibh cuideachd gus na sgilean a thogail a tha a dhìth orra gus anailis cheart a dhèanamh air an fhianais sin.

*“Barantaichidh na Pàrtaidhean do leanabh a tha comasach air a c(h)uid bheachdan fhèin a chruthachadh a' chòir na beachdan sin a nochdadh gun bhacadh anns gach cùis a bhios a' bualadh air a' phàiste, agus thèid beachd ceart air a ghabhail air beachdan an leanabh a rèir aois is inbheachd an leanabh”*

([unicef.org.uk](http://unicef.org.uk))

Dh'aithris Foghlam Alba bho chionn goirid gu bheil ionnsachadh stèidhichte air còraichean a' fàs nas fheàrr ann an sgoiltean na h-Alba. Tha an tuigse a th' aig clann is òigridh mu cho-ionannachd air fàs anns na beagan bhliadhnaichean mu dheireadh. Gu sònraichte ann am bun-sgoiltean, tha clann a' faireachdainn gu bheil deagh chothroman aca cur ri leasachadh na sgoile tro chomataidhean is buidhnean. Dh'aithris sinn air ionnsachadh is coileanadh ann am bun-sgoiltean:

*“Bha mòran sgoiltean a’ cleachdadh modhan-obrach ionnsachaidh stèidhichte air còraichean gu h-èifeachdach gus cuimseachadh nas motha air cùisean co-ionannachd. Tha an luchd-obrach air fàs nas mothachail air dè cho cudromach 's a tha còraichean cloinne agus thuir a’ mhòr-chuid de chloinn gun robh iad a’ faireachdainn deimhinneach mu dheidhinn nan dòighean anns an robh cothrom aca a bhith an sàs ann a bhith a’ leasachadh na sgoile, a’ gabhail a-steach tro chomhairlean sgoileir.”*

Càileachd agus leasachadh ann am foghlam an Alba 2012-2016 td14

Tha cothrom ann togail air an deagh obair seo le bhith a' leudachadh com-pàirteachadh na cloinne ann an leasachadh sgoile. Tha feum air leasachadh a bharrachd a thaobh com-pàirteachadh an luchd-ionnsachaidh, gu sònraichte ann an àrd-sgoiltean. Bidh òigridh a' fàs nas misneachaile is nas brosnachaile nuair a chì iad gu bheil a' cur luach anns na beachdan aca agus gu bheil rudan a' tachairt mar thoradh air na beachdan aca. Tha e cudromach gum bi barrachd ann na dìreach na comhairlean sgoilearan gus dèanamh cinnteach gum bi guth làidir aig an luchd-ionnsachaidh uile agus gun toir seo buaidh air an ionnsachadh aca agus air leasachadh na sgoile san àm ri teachd.

A thaobh àrd-sgoiltean, dh'aithris sinn:

*“Ged a bha a’ mhòr-chuid de dhaoine òga a’ faireachdainn gu bheil a’ dèiligeadh riutha gu cothromach agus le spèis ann an raon na h-àrd-sgoile, fhuair an luchd-sgrùdaidh gun robh sealladh cumhang aig cuid de sgoiltean air còraichean dhaoine òga. Feumaidh sgoiltean mar sin beachdachadh air dòighean ùra cruthachail a thaobh a bhith a’ toirt taic do dhaoine òga air fad a bhith a’ cur am beachdan an cèill, agus a bhith a’ gabhail sùim dhiubh sin.”*

Càileachd agus leasachadh ann am foghlam an Alba 2012-2016 td 20.

Tha dòighean-obrach a tha a' gabhail a-steach clann is òigridh ann an dòigh bhrioghmhor ann am fèin-luachadh nam pàirt cudromach de bhith a' coileanadh àrd-mhiannan a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais. Ma tha clann is òigridh gu bhith a' fàs suas mar shaoranaich earbsach agus a bhith a' cur ris a' chomann-shòisealta gu h-èifeachdach, feumaidh luchd-obrach na sgoile agus com-pàirtichean èisteachd ris na beachdan aca agus dèiligeadh ris na beachdan seo ann an spioraid com-pàirteachais is co-obrachaidh. Tha e cudromach gun obraich



luchd-obrach na sgoile agus com-pàirtichean còmhla gu h-èifeachdach gus dèanamh cinnteach gun tachair seo. Chaidh an goireas seo a chruthachadh gus taic a chumail ri sgoiltean, agus iad ag obair leis na com-pàirtichean aca, gus na h-amasan seo a choileanadh.



## Na tha com-pàirteachadh an neach-ionnsachaidh a' ciallachadh dhuinn

Sheall rannsachadh a chaidh fhoillseachadh le Coimiseanair na Cloinne is na h-Òigridh bho chionn goirid, How Young People's Participation in School Supports Attainment and Achievement, SCCYP, 2015, gun robh co-dhàimh làidir ann eadar na modhan-obrach aig sgoiltean a thaobh com-pàirteachadh an luchd-ionnsachaidh agus ìrean buileachaidh agus coileanaidh. A' toirt aire do seo agus do rannsachadh eile, tha Riaghaltas na h-Alba air na h-amasan aige a chur an cèill taobh a-staigh Education Governance: Next Steps, 2018, gus com-pàirteachadh phàrantan is coimhearsnachd a leasachadh ann am beatha na sgoile agus ann an ionnsachadh taobh a-muigh na sgoile. Tro Bhile an Fhoghlaim (Alba) 2018, tha Riaghaltas na h-Alba ag amas air guth na cloinne is na h-òigridh a neartachadh le bhith a' brosnachadh agus a' toirt taic ghnìomhach do chom-pàirteachadh na cloinne is na h-òigridh ann an deasbadan mun sgoil is coimhearsnachd aca.

*“Ma nithear cinnteach gun tèid beachdachadh air na beachdan aig clann is òigridh, bidh cothrom aca pàirt a ghabhail ann an co-dhùnaidhean agus gnìomhan a bheir buaidh air poileasaidhean no seirbheisean a bheir buaidh air am beatha. Tha e a' cur ris an fhaireachdainn aca gu bheil buntainneas aca ris an sgoil, neartachaidh e coimhearsnachdan agus bidh e nas coltaiche mar thoradh air seo gum bi deagh bhuidhean aig seirbheisean.”*

Empowering Schools: A consultation on the provisions of the Education (Scotland) Bill. Riaghaltas na h-Alba, 2017.

Dh'fhoillsich Foghlam Alba mìneachadh ùr air Com-pàirteachadh an Neach-ionnsachaidh bho chionn goirid:

*“Tha com-pàirteachadh an luchd-ionnsachaidh a' gabhail a-steach a h-uile dòigh anns am bi clann is òigridh a' dol an sàs ann an cleachdaidhean agus co-chòmhraidh le luchd-obrach foghlaim, pàrantan, luchd-cùraim agus daoine sa choimhearsnachd gus deagh bhuidhean is atharrachaidhean a chruthachadh.”*

Learner Participation in educational settings. (Foghlam Alba, 2018)

Dh'fhaodadh com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh a bhith ceangailte ri iomairtean thar na sgoile. Dh'fhaodte cuideachd gum bi e ceangailte ri bhith a' leasachadh ionnsachadh agus coileanadh taobh a-staigh clas, ìre no raon curraicealaim sònraichte. Ge b' e dè a bhios ann, tha com-pàirteachadh na phròiseas gnìomhach. Gus am bi com-pàirteachadh iomlan ann, feumaidh cothrom a bhith aig clann is òigridh a bhith a' togail bheachdan is sgilean gus taic a chumail ri ionnsachadh fad-bheatha. Tha na rudan seo riatanach gus dèanamh cinnteach gum bi na luachaidhean aca stèidhichte air deagh fhianais agus mar sin, bu chòir coimhearsnachd na sgoile gabhail riutha. Tha modhan-obrach Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd air an dealbhadh airson a bhith in-ghabhalach. Mar sin, tha luchd-obrach Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd nan deagh ghoireas airson ionnsachadh proifeiseanta airson luchd-obrach na sgoile. Airson com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh èifeachdach, feumaidh cultar a bhith ann a tha a' toirt taic dhan bheachd gu bheil còir aig clann is òigridh na beachdan fiosraichte aca a chur an cèill air dè tha ag obair gu math agus dè a tha feumach air leasachadh. Tha e a' ciallachadh a bhith a' dèanamh cinnteach gun toirear beachdan na cloinne is na h-òigridh fa near nuair a thathar a' planadh atharrachaidhean is gan cur an sàs. Feumaidh fìor spèis dhan chloinn is dhan òigridh a bhith aig cridhe na cùise nuair a thathar a' togail a' chultair sin. Chaidh iomradh a thoirt air seo ann an Dè cho math 's a tha an sgoil againn?4

*“Tha dealas làidir a thaobh a bhith a' dèiligeadh ri ceartas sòisealta, còraichean cloinne, ionnsachadh airson seasmhachd agus co-ionannachd nan nithean riatanach don h-uile neach a tha a' libhrigeadh foghlam ann an Alba”*

Dè cho math 's a tha an sgoil againn?4 td 6



## A' cruthachadh a' chultair cheart airson com-pàirteachadh èifeachdach leis an luchd-ionnsachaidh

*“Tha Alba fortanach gu bheil comann-sòisealta catharra beairteach beòthail aice a tha a’ dèanamh deagh obair le agus airson clann agus daoine òga. Feumaidh na beachdan is eòlas aca buaidh a thoirt air na co-dhùnidhean a nì sin an-diugh ma tha sinn airson Alba nas fheàrr a chruthachadh airson an ama ri teachd”*

Brus Adamson, Coimiseanair Clann is Òigridh na h-Alba 2017. (What kind of Scotland? Children influencing Scotland’s future, Pàrlamaid na Cloinne, 2017)

Ma thèid an ùine a ghabhail gus cultar làn in-ghabhalach a chruthachadh, nì seo cinnteach gu bheil prionnsapalan com-pàirteachas èifeachdach an luchd-ionnsachaidh air an stèidheachadh ann am beatha agus obair na sgoile agus na coimhearsnachd nas fharsainghe. Cuidichidh seo a’ chlann is òigridh uile airson a bhith misneachail gu bheilear a’ cur luach anns na beachdan aca agus gu bheil na chanas/na nì iad a’ toirt deagh bhuaidh air cùisean dhaibh fhèin agus do dhaoine eile. Ann an Eàrr-ràdh 2, tha ceanglaichean ann ri roghainn de ghoireasan a ghabhas cleachdadh gus tuigse nas doimhne fhaighinn air com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh. Gabhaidh na feartan a leanas de chleachdadh fìor èifeachdach agus na ceistean dùbhlain a chleachdadh gus co-chòmhradh proifeiseanta a bhrosnachadh am measg luchd-obrach agus luchd-ùidhe. Tha iad ann gus cuideachadh le meòrachadh air an ìre 's gum bi cultar is suidheachadh na sgoile a’ cur an comas com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh ann am fèin-luachadh agus leasachadh sgoile.

## A' cruthachadh a' chultair cheart airson com-pàirteachadh brìoghmhor an luchd-ionnsachaidh ann am fèin-luachadh agus leasachadh sgoile.

### Comharran de mhodh-obrach fìor èifeachdach

- ✓ Tha tuigse cho-roinnte air feadh coimhearsnachd na sgoile air còraichean na cloinne is na h-òigridh a thaobh sunnd, co-ionannachd is in-ghabhail.
- ✓ Tha cothroman cunbhalach aig an luchd-obrach, com-pàirtichean, pàrantan, agus sgoilearan uile gus cur ris an eòlas agus tuigse aca air còraichean na cloinne is na h-òigridh.
- ✓ Tha luchd-obrach ag aithneachadh gu bheil grunn bhuannachdan aig com-pàirteachadh do luchd-ionnsachaidh, a' gabhail a-steach coileanadh nas fheàrr, ionnsachadh is teagasg leasaichte, dàimhean nas fheàrr agus barrachd com-pàirteachaidh ann an obair na sgoile.
- ✓ Tha na pròiseasan com-pàirteachaidh in-ghabhalach agus tha iad a' cruthachadh chothroman dhan luchd-ionnsachaidh air fad a bhith a' gabhail pàirt ann an obair na sgoile agus anns a' choimhearsnachd san fharsaingeachd.
- ✓ Tha sinn air dèanamh cinnteach gu bheil còraichean na cloinne is na h-òigridh fìchte a-steach do gach taobh de dh'obair is beatha na sgoile. Tha seo follaiseach ann an ethos agus cultar na sgoile.
- ✓ Tha clann is òigridh cinnteach gu bheil an luchd-obrach agus na com-pàirtichean air fad a' cur luach anns na beachdan aca.
- ✓ Tha fios aig clann is òigridh mu na chaidh a leasachadh mar thoradh air na beachdan aca.
- ✓ Cleachdaidh clann is òigridh sgilean conaltraidh èifeachdach gus na beachdan aca a thoirt seachad.
- ✓ Obraichidh clann is òigridh còmhla gus diofar thaobhan de bheatha na sgoile a luachadh, a' gabhail a-steach ionnsachadh is teagasg.
- ✓ Tha cultar ann de dh'fhosgailteachd agus follaiseachd a tha a' toirt comas do chloinn agus do dhaoine òga pàirt a ghabhail ann an còmhraidhean mu dheidhinn dàta agus fianais fèin-luachaidh eile.
- ✓ Bidh clann is òigridh a' stiùireadh cruinneachadh fianais air taobhan de dh'obair na sgoile is bidh iad ag aithris air seo.

### Ceistean dùbhlain

- ✓ Dè cho math 's a bhios luchd-obrach a' gabhail ealla ri beachdan na cloinne is na h-òigridh, gu sònraichte nuair a dh'fhaodadh na co-dhùnaidhean a nithear a bhith a' toirt buaidh dhìreach orra?
- ✓ Dè an ìre 's gum bi an sgoil a' brosnachadh ethos agus cultar de chom-pàirteachadh gnìomhach leis an luchd-ionnsachaidh uile?
- ✓ A bheil cuideam gu leòr air còraichean na cloinne is na h-òigridh agus air com-pàirteachadh an luchd-ionnsachaidh anns a' phrògram airson ionnsachadh proifeiseanta?
- ✓ Dè an ìre 's gu bheil fòcas anns a' churraicealam air còraichean na cloinne is na h-òigridh agus air co-ionannachd agus in-ghabhail?
- ✓ Dè cho èifeachdach 's a tha an luchd-ionnsachadh uile a' dol an sàs ann am planadh is luachadh an ionnsachaidh thar gach co-theacsa anns a' churraicealam?
- ✓ Dè an ìre 's gu bheil fiosrachadh aig clann is òigridh a tha gan cuideachadh gus tuigsinn cho math 's a tha an sgoil aca a' dèanamh?
- ✓ A bheil cothroman iomchaidh ann an curraicealam na sgoile a tha a' toirt cothrom do chlann is òigridh na sgilean a thogail a dh'fheumas iad gus an gabh iad pàirt èifeachdach ann am fèin-luachadh agus ann am pròiseasan co-dhùnaidh anns an sgoil?
- ✓ Dè cho in-ghabhalach 's a tha an dòigh-obrach a thaobh com-pàirteachadh sgoilearan? Dè an ìre is gu bheil a' chom-pàirteachadh leis a' chloinn is òigridh uile gu co-ionann?
- ✓ Dè an ìre is gu bheil e comasach do chlann is òigridh taobhan de dh'fhèin-luachadh a stiùireadh gun inbhich gan stiùireadh gu teann?
- ✓ Dè cho math 's a tha an sgoil againn a thaobh a bhith a' toirt cothrom do chom-pàirtichean ann a bhith a' cruthachadh mhodhan-obrach a thaobh com-pàirteachas an luchd-ionnsachaidh?

Ma tha sibh gu bhith comasach air na feartan seo de chleachdadh fìor èifeachdach a leantainn san sgoil agaibh, tha e air leth cudromach gum bi tuigse agaibh air far a bheil sibh a' tòiseachadh agus mar a bhios sibh a' togail a' chultair cheart de chom-pàirteachadh ann an co-obrachadh leis an luchd-ionnsachaidh agaibh. Bu chòir com-pàirteachadh nan sgoilearan a bhith na phròiseas co-obrachail. Chaidh na mineachaidhean air feartan de chleachdadh fìor èifeachdach agus na ceistean dùbhlain a dhealbadh gus taic a chumail ri còmhraidh proifeiseanta air feadh coimhearsnachd na sgoile agaibh. Nuair a thèid seo a chleachdadh le clann is òigridh, cuidichidh an dòigh-obrach seo gus dèanamh cinnteach gu bheil am fèin-luachadh agaibh ceart is làidir.



Airson cuid de choimhearsnachdan sgoile, dh'fhaodadh coltas fìor dhùbhlanaich a bhith air an t-seòrsa com-pàirteachaidh seo. Dh'fhaodte gum bi cuid den luchd-obrach no de na com-pàirtichean draghail gu bheil clann is òigridh a' faighinn èisteachd a thaobh obrachadh na sgoile agus mar a thèid an sgoil a leasachadh. Bu chòir luchd-stiùiridh na sgoile tìde a chur seachad gus beachdachadh air seo le luchd-obrach is com-pàirtichean gus an urrainn dhaibh na draghan aca a thogail is a dheasbad ann an dòigh fhosgailte agus fhirinneach. Bidh co-phlanadh èifeachdach thairis air coimhearsnachd na sgoile ro chudromach gus dèanamh cinnteach gun lean deagh dhàimhean eadar luchd-teagaisg agus sgoilearan agus le com-pàirtichean agus inbhich eile a tha a' cumail taic ri clann is òigridh. Cha bhi a h-uile

duine a' faireachdainn cofhurtail an toiseach leis an t-seòrsa ghnìomhan a tha air am moladh ann am pàirt a dhà den ghoireas seo. Sin as adhbhar gu bheil a' comharrachadh cruthachadh an ethos agus a' chultair cheart mar a' chiad cheum cudromach.

Tha deagh dhàimhean agus fòcas air sunnd gus taic a chumail ris a' choileanadh aig a' chloinn is òigridh uile aig cridhe com-pàirteachadh èifeachdach an luchd-ionnsachaidh. Tha iomadh sgoil air feadh na h-Alba air dòighean-obrach àrachail a thoirt a-steach gus taic a chumail ri leasachadh sòisealta agus faireachail na cloinne agus na h-òigridh. Cuidichidh dòighean-obrach àrachail èifeachdach le giùlan, sunnd, coileanadh agus buileachadh. Cuidichidh dòighean-obrach àrachail air feadh na sgoile gus cultar agus ethos làidir a chruthachadh gus taic a chumail ri com-pàirteachadh èifeachdach le luchd-ionnsachaidh. Dh'fhaodte gum bi sgoiltean, a tha airson dòighean-obrach àrachail a chruthachadh no a leasachadh, airson sùil a thoirt air an sgrìobhainn le comhairle is stiùireadh, *Applying Nurture as a Whole School Approach*, 2017, a chaidh fhoillseachadh le Foghlam Alba ann an Com-pàirteachadh le Comhairle Baile Ghlaschu.

*“Aig cridhe àrach, tha fòcas air sunnd agus air dàimhean agus bithear ag amas air a bhith a' fàs is a' leasachadh na cloinne is na h-òigridh.”*

*Applying Nurture as a Whole School Approach – a framework to support self-evaluation, 2017*



## A' deisealachadh na sgoile agaibh gus an goireas seo a chleachdadh

**Dè thachras mur eil an sgoil againn ag aithneachadh ach beagan de na feartan de chleachdadh fìor èifeachdach?**

Tha cleachdadh fìor èifeachdach san raon seo an crochadh air deagh co-thuigse a bhith aig an luchd-obrach agus na com-pàirtichean air fad air com-pàirteachadh an luchd-ionnsachaidh agus dealas airson seo. Gus dèanamh cinnteach gum bi com-pàirteachadh èifeachdach ann le luchd-ionnsachadh, tha e riatanach gun tèid an t-ethos is cultar ceart a stèidheachadh. Dh'fhaodte gum bi e na thoiseach tòiseachaidh san sgoil agaibh a bhith a' ruigsinn na tuigse co-roinnte sin. Dh'fhaodte gum bi sibh den bheachd nach eil coimhearsnachd na sgoile agaibh deiseil gus seata-innealan na cloinne is na h-òigridh ann an Earrann a Dhà den ghoireas seo a chleachdadh fhathast. Mas ann mar seo a tha cùisean, bu chòir dha a bhith na phrìomhachas sna planaichean agaibh gun tèid seo atharrachadh. Dh'fhaodte gum bi feum air ionnsachadh proifeiseanta a bharrachd air còraichean cloinne agus air cho cudromach 's a tha com-pàirteachadh nan sgoilearan. Dh'fhaodte gum bi agaibh ri taobhan den churraicealaim ath-sgrùdadh is atharrachadh gus an t-eòlas is na sgilean aig luchd-ionnsachaidh a neartachadh.

A bharrachd air na feartan de chleachdadh fìor èifeachdach agus na ceistean dùbhlain, dh'fhaodte gum bi an t-inneal gus com-pàirteachadh a mhapadh ann an Learner Participation in educational settings, Foghlam Alba, 2018 feumail dhuibh. Chaidh a dhealbhadh gus cuideachadh le fèin-luachadh den bhuaidh a th' aig na dòighean-obrach agaibh a thaobh com-pàirteachadh an luchd-ionnsachaidh. Cuidichidh an t-inneal sibh gus tuigse co-roinnte a bhith agaibh air a' cheist a bheil com-pàirteachadh an luchd-ionnsachaidh a' tighinn am bàrr, ga dhaingneachadh no sàr-mhath. A bharrachd air sin, tha prìonnsabalan cudromach anns an sgrìobhainn National Standards for Community Engagement, 2016, a ghabhadh cur gu feum gus taic a thoirt do chom-pàirteachadh an luchd-ionnsachaidh.

**Dè nì sinn ma tha sinn air tòrr obrach a dhèanamh air com-pàirteachadh nan sgoilearan mar-thà agus ma tha an sgoil againn a' dèanamh tòrr de na rudan a tha air an comharrachadh mar chleachdadh fìor èifeachdach?**

Ma tha sibh air dòighean-obrach èifeachdach a stèidheachadh a thaobh com-pàirteachadh nan sgoilearan mar-thà, dh'fhaodte gum bi sibh a' faireachdainn gu bheil tòrr de na feartan air an tug sinn iomradh gu h-àrd follaiseach san sgoil agaibh mar-thà. Mas ann mar sin a tha cùisean, tha sibh deiseil gus tòiseachadh air frèam-obrach na cloinne is na h-òigridh ann am pàirt a dhà. Tha e cudromach gun toir sibh seo a-steach tro dhòighean-obrach co-obrachail. Obraichibh le clann, òigridh, pàrantan is com-pàirtichean gus ullachaidhean a chur air dòigh airson measadh agus fios air ais air dè cho math 's a tha cleachdadh an fhrèam a' cuideachadh le leasachadh na sgoile agaibh. Cleachdaibh na beachdan a fhuair sibh air ais airson beachdachadh air dè dh'fheumar atharrachadh mur eil buidhnean de luchd-obrach, com-pàirtichean no luchd-ionnsachaidh a' faireachdainn cofhurtail no a' faireachdainn gu bheil iad comasach air pàirt a ghabhail anns a' pàirt seo de dh'fèin-luachadh.

## Triantanachadh fianais

Ma tha clann is òigridh gu bhith a' gabhail làn-phàirt ann am fèin-luachadh, feumaidh iad:

- deagh thaic fhaighinn gus cothrom fhaighinn air farsaingeachd de dh'fhianais agus gus a mhineachadh;
- sgilean a thogail a chuidicheas iad gus dèanamh cinnteach nach dèan iad co-dhùnaidhean ro luath no co-dhùnaidhean stèidhichte air fathannan no glè bheag de dh'fhianais;
- tuigsinn gum feum iad na beachdan aca fhèin a chur an dàrna taobh uaireannan agus gur e am fèin-luachadh coitcheann a tha cudromach;
- taic fhaighinn gus sgilean a thogail gus am bi comas aca measadh a dhèanamh air cho cudromach 's a tha an fhianais a chaidh a chruinneachadh; agus
- tuigsinn na tha an lùib a' phròiseis agus feumaidh iad a bhith air aontachadh gu bheil iad toilichte a bhith a' gabhail pàirt.

Gus na h-amasan seo a choileanadh, bidh e gu math feumail dòighean-obrach a chruthachadh a tha stèidhichte air triantanachadh. Chan e a-mhàin gun cuir am modh-obrach seo taic ri sealladh cothromach den sgoil, ach bheir e taic do chloinn is òigridh a bhith a' neartachadh prìomh sgilean mar eisimpleir, conaltradh, agus anailis, mìneachadh is taisbeanadh fianais. Bu chòir com-pàirt luchd-ionnsachaidh ann am fèin-luachadh a bhith dùbhlach gu leòr agus bheir e tuigse dhomhainn dhaibh air na tha a' tachairt airson buidhnean eadar-dhealaichte de luchd-ionnsachaidh taobh a-staigh coimhearsnachd na sgoile. Ma tha an dòigh-obrach agaibh ro eu-domhain no ro chumhang, cha bhi an fhianais a chruinnicheas sibh làidir gu leòr. Tha com-pàirteachadh an luchd-ionnsachaidh nas soirbheachaile nuair a tha sgoiltean a' toirt nan innealan agus sgilean ceart do chloinn agus òigridh, agus nuair a tha cothrom aca air an rainse cheart de dh'fhianais.




## A' cuideachadh luchd-ionnsachaidh gus fianais a thriantanachadh



Is urrainn **Comhaideachd Ionnsachaidh** gabhail àite ann am farsaingeachd de cho-theacsan a' gabhail a-steach ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh, anns an àite-obrach, aig a' cholaiste, ann am pròiseactan coimhearsnachd ionadail agus tro tursan sgoile agus tursan-còmhnaidh (residential). Mar sgoilearan ann an seòmraichean-clas agus a bhios a' dol sàs ann an cothroman ionnsachaidh eile, bidh clann is òigridh a' faicinn ionnsachadh is teagasg fad an latha, a h-uile latha. Mar na daoine a bhios a' faighinn nan cothroman ionnsachaidh a bhios luchd-teagaisg a' planadh dhaibh, tha iad ann an deagh àite gus buaidh nan cothroman ionnsachaidh a luachadh. Tha fios aca air dè am beachd air an ionnsachadh a bhios iad a' faighinn agus tha fios aca air dè tha ag obair gu math dhaibh agus dè a ghabhadh leasachadh gus an t-ionnsachadh aca a dhèanamh nas soirbheachaile. Bidh luchd-teagaisg gu tric ag iarraidh bheachdan air ais bho chlann is òigridh air leasan no air prògraman obrach. Bidh iomadh sgoil a' toirt cothrom do chloinn a bhith a' coimhead air leasan agus a bhith a' toirt bheachdan air ais don luchd-obrach. Uaireannan, tha seo ga dhèanamh mar cho-chomhaideachd le neach-obrach no dhà an sàs ann cuideachd. Uaireannan, tha cultar na sgoile a' ciallachadh gu bheil luchd-obrach cofhurtail gum bi clann is òigridh gan sgrùdadh le òigridh a tha ag obair gu neo-eisimeileach bhon luchd-obrach. Ach tha seo na phàirt de dh'fhèin-luachadh far am feumar a bhith faiceallach. Gus seo a dhèanamh gu ceart, feumaidh luchd-obrach, pàrantan, com-pàirtichean agus sgoilearan aontachadh ri dè tha iomchaidh agus dè tha luachmhor.

Gabhaidh **beachdan dhaoinè** a chruinneachadh, mar eisimpleir, tro shuirbhidhean, tro chòmhradh le structair le buidhnean fòcais, tro chòmhradh neo-fhoirmeil rè tursan ionnsachaidh agus tro bhith a' sgrùdadh nan gearr-chunntasan aig coinneamhan. Is urrainn do chlann is òigridh ionnsachadh mar a nì iad seo gu fìor mhath. Nuair a gheibh iad taic gu leòr agus nuair a tha iad a' tuigsinn carson a tha iad a' cruinneachadh fianais, is urrainn



àite cudromach a bhith aig clann is òigridh ann a bhith a' tional bheachdan an co-aisean. Is urrainn dhaibh a bhith gu math cuideachail cuideachd ann a bhith a' tional bheachdan bho luchd-obrach, pàrantan agus com-pàirtichean. Gu tric, bidh fios aca air na ceistean as fheàrr agus air na dòighean as fheàrr gus am faighneachd. Chì tòrr sgoiltean mar eisimpleir, gu bheil pàrantan toilichte stad gus bruidhinn ri sgoilearan le stòr-bhòrd gus beagan cheistean a fhreagairt aig tachartas do phàrantan. Cleachdaidh sgoiltean an dòigh-obrach seo gu tric gus beachdan fhaighinn air iomairtean ùra agus air atharrachaidhean anns an sgoil. Ann am beagan sgoiltean, cleachdaidh clann is òigridh teicneolas didseatach ann an dòigh chruthachail gus suirbhidhean a chruthachadh no gus inneal didseatach a chruthachadh tron urrainn dhaibh beachdan a chruinneachadh bho thòrr mòr dhaoine gu luath agus gus an sgrùdadh gu furasta. Cuidichidh dòighean-obrach mar seo gus an comas gus fianais a chruinneachadh a leudachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig a h-uile duine ann an coimhearsnachd na sgoile gus am beachdan a thoirt seachad. Tha buidhnean no comataidhean de sgoilearan aig cha mhòr a h-uile sgoile agus is urrainn do chlann is òigridh cur ri leasachadh sgoile tromhpa. Ann an deagh chleachdadh, tha na buidhnean seo an urra ri bhith a' tional bheachdan bho air feadh na sgoile mun eadar-dhealachadh a tha iad a' dèanamh do luchd-ionnsachaidh.

Tha **Dàta Uimhireil** na thùs fiosrachaidh cudromach a thaobh cho soirbheachail 's a tha sgoil. Tha tòrr den dàta a chumas sgoiltean anns an raon phoblach mar-thà agus bithear ag aithris air seo ann an aithisgean Inbhean is Càileachd agus air làraichean-lìn nan sgoiltean. Ach, gu tric, chan eil fios aig clann agus daoine òga mun dàta seo no mu na tha e a' ciallachadh. Airson com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh soirbheachail, feumaidh cothrom a bhith aig luchd-ionnsachaidh air an t-seòrsa fianais seo. Faodaidh dàta dealbh a chruthachadh mu na rudan a dh'fhaodas clann agus daoine òga a bhith moiteil às san sgoil aca. Tha e cuideachd na dheagh thùs fiosrachaidh gus luchd-ionnsachaidh a thoirt a-steach gu còmhraidh mu phrìomhachasan leasachaidh sgoile agus mun bhuidheas as urrainn dhaibh a thoirt orra seo. Chan fhaod cothrom a bhith aig clann is òigridh air dàta mu dhaoine fa leth ann an coimhearsnachd na sgoile aca. Ach faodaidh iad a bhith an sàs barrachd ann a bhith a' beachdachadh air dàta airson na sgoile air fad, mar eisimpleir, mu pheanasan agus duaisean, frithealadh, euchdan, buileachadh, far an tèid daoine às dèidh dhaibh an sgoil fhàgail. Tha cuid den dàta seo air a sgaoileadh mar-thà tro thionalan-sgoile, cuairt-litrichean agus dòighean eile. Far a bheil sgoiltean misneachail mu bhith a' cumail chòmhradhean mar seo le luchd-ionnsachaidh, bidh an luchd-ionnsachaidh gu tric a' toirt seachad beachdan luachmhor is lèirsinn àraid mun sgeulachd air cùlaibh an dàta agus cuiridh iad beachdan air adhart air mar a ghabhadh rudan a leasachadh barrachd.





## Dà eisimpleir de mar a bhios sgoiltean a' dèanamh co-obrachadh le luchd-ionnsachaidh ann am fèin-luachadh

Ag obair leis a' cheannard sgoile aca, dh'obraich clas P7 leis an lethbhreac aig an tidsear aca de Dè cho math 's a tha an sgoil againn?<sup>4</sup> agus cho-dhùin iad gun robh iad airson beagan shlatan-tomhais deagh-ghnè a chruthachadh a bhiodh freagarrach airson na cloinne. Cho-dhùin iad gun robh iad airson fòcas a chur air còig ceistean mòra:

- Ciamar a tha fios againn gu bheil sinn a' fàs nas fheàrr?
- Ciamar a nì sinn a h-uile rud ceart airson a h-uile pàiste?
- Dè th' ann an neach-teagaisg fìor mhath?
- Ciamar a bhios an sgoil gar n-ullachadh airson ionnsachadh, beatha is obair?
- Dè as urrainn do luchd-ionnsachaidh a bhith a' sùileachadh?

Airson gach taisbeanair, chuir a' chlann an cèill dè an fhianais a bhiodh iad a' cruinneachadh agus thog iad na teampalaidhean aca fhèin airson a bhith a' clàradh fianais. Bha an seòrsa dàta a chruinnich iad a' gabhail a-steach, mar eisimpleir, dè cho math 's a chaidh 'bogsaidhean-dhraghan' a chleachdadh; còmhraidhean le fòcas sònraichte le clann eile le ceistean co-cheangailte ris na taisbeanair mu shunnd; dàta a sheall mar a bhiodh luchd-teagaisg na sgoile a' cleachdadh siostaman na sgoile airson moladh is duaisean; prògram na sgoile airson a bhith ag ionnsachadh mu shaoghal na h-obrach; an uiread de luchd-tadhail do gach clas; agus a bhith èisteachd ri luchd-teagaisg a' toirt bheachdan air ais do luchd-ionnsachaidh eile. Ag obair ann am buidhnean de thriùir, chùm a' chlann coinneamhan sgioba gus beachdachadh air an fhianais a chruinnich iad agus dh'aontaich iad ri prìomh theachdaireachdan a bha iad airson a thoirt air ais dhan luchd-obrach, a' cleachdadh dà rionnaig agus miann airson gach taobh. B' e am prionnsabal a bu chudromaiche do na sgoilearan gum bu chòir dhaibh a bhith ag innse na firinn. Ach, bha iad a' tuigsinn gum feumadh iad a bhith faiceallach ann a bhith a' toirt seachad nan teachdaireachdan aca. Aig an toiseach, bha cuid den luchd-obrach agus de na pàrantan teagmhach mu chlann a bhith an sàs san obair seo. Ach, bha feallsanachd làidir aig a' cheannard a thaobh com-pàirteachas an luchd-ionnsachaidh agus thug seo air a h-uile duine feuchainn air. Bha teachdaireachd chudromach anns na beachdan a fhuair iad air ais bhon chloinn mu neo-chunbhalachd thairis air an sgoil. Bha deasbad a bharrachd am measg luchd-obrach mar thoradh air seo agus chaidh aontachadh piseach a thoirt air seo. Chruthaich an fharsaingeachd den chruinneachadh fianais co-theacsaichean brioghmhor a thug cothrom do chlann na sgilean litèirachd, àireamhachd agus slàinte is sunnd aca a shealltainn agus a neartachadh.



Rinn àrd-sgoil obair chom-pàirteachaidh le sgoilearan aig ceann shuas na sgoile tro phrògram de luchd-obrach is sgoilearan a bhith a' coimhead air leasanan còmhla. Bha an sgoil air obair chom-pàirteachaidh a dhèanamh le òigridh mar-thà gus slatan-tomhais a chomharrachadh airson “deagh leasan”. Chaidh seo a sgoileadh air a’ bhliadhna mu dheireadh. Bha an sgoil ag iarraidh fios mu bhuidh na h-obrach seo. Dh’obraich an òigridh ann am buidhnean de thriùir, le neach-obrach agus dithis òigridh anns gach triùir. A’ cleachdadh na slait-tomhais airson “deagh leasan”, chruthaich iad foirm clàraidh airson a bhith a’ sgrùdadh leasan agus chomharraich iad sampall de chlasaichean airson tadhal orra. B’ iad na slatan-tomhais airson an t-sampaill aca:

- diofar raointean den churraicealam;
- diofar bhliadhnaichean sgoile; agus
- luchd-teagaisg le diofar ìrean de eòlas.

Cha tug na buidhnean de thriùir fios air ais do luchd-teagaisg fa leth. Cho-dhùin iad gun dèanadh iad geàrr-chunntas gun urra airson na sgoile air fad a’ coimhead air neartan agus far an robh leasachadh a dhìth. Bha am fòcas aca air a’ cheist, an robh an structar airson deagh leasan a’ fàgail gun robh ionnsachadh soirbheachail aig an òigridh uile. Chaidh aontachadh gun toireadh an neach-obrach anns gach triùir barrachd fiosrachaidh do luchd-teagaisg fa leth nan iarradh iad seo. Às dèidh dhaibh coimhead air na leasanan, chaidh an fhianais a chur còmhla, chaidh geàrr-chunntas a dhèanamh air seo agus chaidh taisbeanadh a dhèanamh le aon de na buidhnean de thriùir aig coinneamh den luchd-obrach uile, agus cuideachd aig tionalan-sgoile. A rèir na fianaise, ged a bha a’ mhòr-chuid de na taobhan de dheagh leasan gan cur an gnìomh gu cunbhalach air feadh na sgoile, cha robh cuid den luchd-teagaisg air gabhail ris a’ seo, agus mar thoradh air seo, bha an òigridh a’ faireachdainn nach robh na leasanan aca a cheart cho èifeachdach agus nach robh an structar aca cho math. Bha an fhianais a chaidh a chruthachadh na dheagh bhunait airson còmhraidh a bharrachd aig ìre roinneil.



## A' cruthachadh ùine airson luchd-ionnsachaidh a bhith a' dol an sàs ann am fèin-luachadh

Nuair a dhealbhas, agus nuair a nì, clann is òigridh obair gus fianais a thional, tha iad a' togail sgilean as urrainn dhaibh a thoirt air adhart air feadh a' churraicealaim. Tha iad seo a' gabhail a-steach co-obrachadh èifeachdach, conaltradh, a' sgrùdadh agus a' cur dàta còmhla, a' fuasgladh dhuilgheadasan agus eagrachadh. A bharrachd air seo, nuair a tha clann is òigridh cinnteach gu bheil an obair aca ga meas cudromach, togaidh seo am fèin-spèis aca. Tha iad a' faireachdainn gu bheil na h-inbhich timcheall orra a' cur luach agus earbsa annta. Tha seo na phàirt ro chudromach de bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid còraichean na cloinne agus saoranachd ghnìomhach a chur an sàs agus gun tèid taic a thoirt dhaibh gus uallach a ghabhail airson nan taobhan de bheatha a bheir a' bhuidheas as motha orra. Mar sin, bu chòir clann is òigridh a bhith an sàs cuideachd ann an co-dhùnaidhean mu mar a bhios an sgoil a' planadh na dòigh-obrach a thaobh com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh ann am fèin-luachadh. Bidh tòrr sgoiltean a' dèanamh cinnteach gu bheil tìde gu leòr aig clann is òigridh mar-thà gus an cuid ionnsachaidh a luachadh tro shuirbhidhean is buidhnean fòcais. Bidh cuid eile a' brosnachadh luchd-ionnsachaidh ann a bhith a' measadh thaobhan sònraichte de bheatha na sgoile agus iad a' cleachdadh innealan sgrùdaidh a rinn buidhnean eile leithid Eco-schools na h-Alba. Gabhaidh na gnìomhan seo a ghluasad air adhart dhan ath ìre de chom-pàirteachadh an luchd-ionnsachaidh tro bhith a' toirt cothrom dhan luchd-ionnsachaidh an suirbhidh a dhealbhadh no a bhith a' toirt cothrom dhaibh na buidhnean fòcais a stiùireadh seach an luchd-obrach. Bu chòir coimhead air com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh mar cho-theacsa luachmhor airson ionnsachadh agus chan ann mar uallach air an sgoil. Thathar air cho cudromach 's a tha guth an luchd-ionnsachaidh aithneachadh bho chionn fhada ann am foghlam na h-Alba. Tha na dòighean-obrach a tha air am mineachadh ann an Dè cho math sa tha an sgoil AGAINN? Pàirt a Dhà air am moladh mar dhòighean gus seo a leudachadh gus cur ri buaidh guth nan sgoilearan. Ann an iomadh sgoil, tha brosnachadh agus taic do chom-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh air cothroman ceannais luachmhor a chruthachadh airson ball no dhà den luchd-obrach. Tha luchd-obrach a tha dìoghrasach mu chòraichean cloinne agus mu bhith ag èisteachd ri beachdan cloinne agus dhaoine òga nas buailtiche a bhith misneachail mu bhith ag obair le buidhnean de luchd-ionnsachaidh gus an taobh seo de bheatha na sgoile a thoirt chun na h-ath ìre. Tha eòlas aig com-pàirtichean a tha ag obair leis an sgoil, mar eisimpleir luchd-obrach òigridh agus luchd-obrach eile aig ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd, air an t-seòrsa obrach seo agus mar sin, dh'fhaodadh iad seo a stiùireadh airson na sgoile.



## Na ceistean eiticeil a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air an dòigh-obrach a thaobh com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh.

Bu chòir don luchd-obrach a bhith mothachail air cho cudromach 's a tha modhanna dìona eiticeil agus gum bu chòir dhaibh a bhith mar bhun-stèidh airson com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh ann am fèin-luachadh. San fharsaingeachd, tha seo a' ciallachadh a bhith a' dèanamh cinnteach nach adhbharaich an tional fianais cron do dhuine sam bith a tha an sàs sa chùis. Feumaidh luchd-obrach obrachadh le clann is òigridh gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' tuigsinn seo. Tha Comann Saidhceòlais Bhreatainn (BPS) air stiùireadh fhoillseachadh mu dheidhinn seo. Dh'fhaodte gum biodh e feumail do luchd-obrach eòlas fhaighinn air mus tòisich iad air obair rannsachaidh le sgoilearan. Chithear an stiùireadh seo ann am BPS Code of Human Research Ethics, 2014. Nuair a tha clann agus òigridh a' tional fianais, feumaidh luchd-obrach dèanamh cinnteach gu bheil bun-riaghailtean iomchaidh air an deasbad agus air an aontachadh. Cha bu chòir dhaibh a bhith ro thoinnte ach tha e cudromach a bhith a' dìon na prìobhaideachd agus a' chliù phearsanta agus dhreuchdail aig daoine fa leth taobh a-staigh coimhearsnachd na sgoile. Tha comhairle air seo do luchd-ionnsachaidh ann am pàirt a dhà. Ma tha ceist sam bith ann, dh'fhaodte gum bi sibh airson comhairle a ghabhail bho, mar eisimpleir, an t-seirbheis saidhceòlas foghlaim aig an ùghdarras ionadail agaibh.



# Eàrr-ràdh 1: Ceanglaichean ris na Slatan-tomhais Deagh-ghnè ann an Dè cho math 's a tha an sgoil againn?, Ceathramh Eagran (2015)

---

## Na dàimhean againn

---

### Slat-tomhais deagh-ghnè

1.3

### Cuspair

A' cruthachadh lèirsinn, luachan agus amasan co-roinnte

2.1

Ullachaidhean gus sunnd a dhaingneachadh

2.3

Ionnsachadh agus dol an sàs

2.4

Taic choitcheann

3.1

Leasachadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhail

## An t-ionnsachadh is teagasg againn

---

### Slat-tomhais deagh-ghnè

1.2

### Cuspair

Clann agus òigridh a' stiùireadh an ionnsachaidh aca fhèin

2.2

Slighean ionnsachaidh, sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair

2.3

Ionnsachadh agus dol an sàs, càileachd teagaisg, feum èifeachdach de mheasadh

2.4

A' toirt air falbh bacaidhean a thaobh ionnsachaidh

2.6

Planadh agus libhrigeadh com-pàirteachail, Leantainneachd agus adhartas ann an ionnsachadh

## An sgoil is a' choimhearsnachd againn

---

### Slat-tomhais deagh-ghnè

1.4

### Cuspair

A' togail agus a' cumail suas sgioba luchd-obrach proifeiseanta

1.5

Rianachd air stòrasan agus air an àrainn ionnsachaidh

1.3

A' cruthachadh lèirsinn co-roinnte

2.7

Leasachadh is ionnsachadh com-pàirteach, buaidh air luchd-ionnsachaidh

3.3

Ùr-ghnàthachas didseatach

## An t-slàinte is sunnd againn

---

### Slat-tomhais deagh-ghnè

1.5

2.1

2.3

2.5

2.7

3.1

### Cuspair

Rianachd ionmhais airson ionnsachadh, Rianachd air stòrasan agus air an àrainn ionnsachaidh

Ullachaidhean gus sunnd a dhaingneachadh

Ionnsachadh agus dol an sàs

Càileachd ionnsachaidh ann am prògraman teaghlaich

Leasachadh agus adhartachadh chom-pàirteachasan

Sunnd

## Mar a shoirbhich leinn is na choilean sinn

---

### Slat-tomhais deagh-ghnè

2.2

2.7

3.1

3.2

3.3

### Cuspair

Sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair

Buaidh air luchd-ionnsachaidh

In-ghabhail agus co-ionannachd

Buileachadh agus coileanadh

Cruthachaileachd agus comas-obrach

## Eàrr-ràdh 2: Goireasan air an deach iomradh a thoirt anns an sgrìobhainn seo

---

### Foghlam Alba:

Applying Nurture as a Whole School Approach, 2017

Dè cho math 's a tha an sgoil againn? Ceathramh Eagan, 2015

Learner participation in educational settings, 2018

Càileachd agus leasachadh ann am foghlam an Alba 2012-2016

### Riaghaltas na h-Alba

Empowering Schools: A consultation on the provisions of the Education (Scotland) Bill, 2017

Education Governance: Next Steps, 2018

### Eile

BPS Code of Human Research Ethics, 2na eagan, British Psychological Society, 2014

How Young People's Participation in School Supports Attainment and Achievement, Coimiseanair na Cloinne is na h-Òigridh Alba, 2015

National Standards for Community Engagement, Scottish Community Development centre, 2016

Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean an Leanaibh, Àrd-sheanadh nan Dùthchannan Aonaichte, 1990

What kind of Scotland? Children influencing Scotland's future, Pàrlamaid na Cloinne, 2017)



**Foghlam Alba**

Taigh Denholm,  
Pàirce Gnìomhachais Almondvale,  
Slighe Almondvale,  
Baile Dhunlèibhe EH54 6GA

**F** +44(0)131 244 4330

**P-d** [enquiries@education.scotland.gsi.gov.uk](mailto:enquiries@education.scotland.gsi.gov.uk)

[www.education.gov.scot](http://www.education.gov.scot)

© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2018

Faodaidh tu am fiosrachadh seo (gun suaicheantasan is dealbhan) ath-chleachdadh saor is an-asgaidh ann an cruth no meadhan sam bith fo theirmichean Cead Fosgailte an Rìaghaltais cho fad 's a thèid ath-riochdachadh gu ceart agus nach eil e ann an co-theacs meallta. Bu chòir comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig Foghlam Alba air an stuth seo agus feumar tiotal na sgrìobhainn a shònrachadh.

Gus an cead seo fhaicinn, faic <http://www.nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence> no cuir post-d gu: [psi@nationalarchives.gsi.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gsi.gov.uk)

Nuair a tha sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.